

Mu do dhèidhinn

Innis dhuinn ciamar a làimhsicheas sinn do fhreagairt dhut agus, gu sònraichte, a bheil e ceart gu leòr leat do fhreagairt a bhith air fhoillseachadh. Ma dh'iarras tu gun do fhreagairt a bhith air fhoillseachadh, gabhaidh sinn fhathast beachd air do fhreagairtean nar sgrùdadh ach chan fhoillsich sinn do fhreagairt is cha toir sinn iomradh air dad a thuirt thu 's cha nochd sinn d' ainm. Làimhsichidh sinn do fhreagairt mar fhiosrachadh dìomhair.

Airson barrachd fiosrachaidh mun dòigh air an làimhsich sinn dàta pearsanta, thoir sùil air a' phoileasaidh phrìobhaideachd againn aig <https://beta.gov.scot/privacy/>

Dè an t-ainm a tha ort?

Dè an seòladh puist-d a tha agad?

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth no às leth buidheann?

Neach fa leth Buidheann

Dè am buidheann agad?

Ma tha thu a' freagairt às leth buidhinn, cuir a-steach ainm a' bhuidhinn an seo.

Ma tha thu a' freagairt às leth buidheann, innis dhuinn dè an roinn-seòrsa as fheàrr a fhreagras air a' bhuidheann agad.

- Ùghdarras ionadail
- Buidheann na treas roinne no buidheann
- Buidheann na roinne prìobhaidich
- Com-pàirteachas còmhhdhalach roinneil
- Gnìomhairiche còmhhdhalach
- Buidheann acadaimigeach/foghlaim
- Buidheann eile na roinne poblaich
- Eile

Ma thagh thu "Eile", mìnich dè.

Bu toil le Riaghaltas na h-Alba cead fhaighinn bhuat do fhreagairt dhan cho-comhairleachadh seo fhoillseachadh. Nochd dè do thoil a thaobh foillseachadh do fhreagairt:

- Foillsich mo fhreagairt le m' ainm
- Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun
- ainm) Na foillsich mo fhreagairt

Fiosrachadh airson buidhnean a-mhàin:

Tha an roghainn “*Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)*” a’ buntainn ri d’ ainm fhèin a-mhàin is chan ann ri ainm a’ bhuidhinn agad. Ma thagh thu an roghainn seo, thèid ainm a’ bhuidhinn fhoillseachadh fhathast.

Ma thagh thu an roghainn “Na foillsich mo fhreagairt”, dh’fhaoidte gun nochd ainm a’ bhuidhinn agad air liosta nam feadhainn a fhreagair an co-comhairleachadh seo fhathast, mar eisimpleir ann an aithisg an sgrùdaidh.

Co-roinnidh sinn do fhreagairt eadar sgiobannan poileasaidh taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba a dh’fhaodadh a bhith ag obair air na cuspairean a tha fo dheasbad. Dh’fhaoidte gum biodh iad airson bruidhinn riut san àm ri teachd ach feumaidh sinn cead fhaighinn bhuat gus seo a dhèanamh. Am biodh e ceart gu leòr nam bruidhneadh Riaghaltas na h-Alba riut a thaobh a’ cho-comhairleachaidh seo?

- Bhiodh Cha
- bhiodh

Foir-shealladh

'S ann mun Ro-innleachd Còmhhalach Nàiseanta (NTS) ùr do dh'Alba a tha an co-comhairleachadh seo, ro-innleachd a tha airson dealbh drùidhteach a thoirt air còmhdhail san fhichead bliadhna seo romhainn.

Carson a tha sinn ri co-comhairleachadh?

Tha sinn a' cumail co-comhairleachadh air dreachd ùr dhen Ro-innleachd Chòmhdhalach Nàiseanta a dh'fhiosrachadh a bheil lèirsinn, prìomhachasan agus builean na ro-innleachd ceart do lìonra na còmhhalach againn san fhichead bliadhna seo romhainn. Bu toil leinn fios a bhith againn a bheil na poileasaidhean san ro-innleachd iomchaidh airson a thoirt gu buil agus mar a shìor chuireas an ro-innleachd ris na tha ag obair gu math an-diugh agus a' leasachadh nan rudan nach eil ag obair cho math ann an rian na còmhhalach againn. Bidh do bheachdan aig teis-meadhan dealbhadh na còmhhalach a tha sinn ag iarraidh san dà dheichead seo ri thighinn.

Ceistean co-comhairleachadh NTS

Earrann A: An Lèirsinn, na Prìomhachasan is Frèam-obrach nam Builean

Lèirsinn

Bidh rian còmhhalach so-sheasmhach, ion-ghabhalach agus so-ruigsinneach againn a bheir dhuinn Alba a tha nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas soirbheachaile airson ar coimhearsnachdan, gnìomhachasan is luchd-tadhail.

Ceithir prìomhachasan ann an clò trom, gach aon le trì builean

Rian a bhrosnaicheas co-ionannachd

Bheir e inntigeachd cothromach do sheirbheisean a dh'fheumas sinn Bidh e furasta dhan h-uile duine a chleachdadh Cha bhi e ro dhaor do dhuine sam bith

Rian a fhreagras air èiginn na gnàth-shìde

Freagraidh e ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde Cuidichidh e sinn a' libhrigeadh ar n-amas meidh-neoini (net-zero)
Brosnaichidh e roghainnean nas uaine agus nas glaine

Rian a chuireas ri soirbheas na h-eaconamaidh againn

Rian a leigeas leinn ar ceann-uidhe a ruigsinn
Rian a bhios earbsach, èifeachdach agus sàr-mhath Rian a chuireas ùr-ghnàthachas buannachdail gu feum

Rian a leasaicheas ar slàinte agus deagh shunnd

Rian a bhios sàbhailte agus tèarainte dhan a h-uile duine
Rian a bheir comas dhuinn co-dhùnaidhean siubhail fallain a dhèanamh
Rian a chuireas ri coimhearsnachdan a tha fìor mhath airson fuireach annta

C1: An e an lèirsinn air an tug sinn dealbh san Ro-innleachd Còmhdhalach Nàiseanta an lèirsinn cheart airson poileasaidh na còmhdhalach san 20 bliadhna seo romhainn?

'S e Chan e

Am mìnich thu do fhreagairt dhuinn?

C2a: An iad na prìomhachasan is builean air a bheil an ro-innleachd ag amas na prìomhachasan is builean ceart airson poileasaidh na còmhdhalach san 20 bliadhna seo romhainn?

'S iad Chan iad

Am mìnich thu do fhreagairt dhuinn?

C2b: A bheil cuid dhe na prìomhachasan is builean seo nas cudromaiche na feadhainn eile no a bheil cudrom co-ionnan aca uile?

Am mìnich thu do fhreagairt dhuinn?

C3: An iad na dùbhlain a tha an ro-innleachd a' comharradh ann an Caibideil 3 na prìomh dhùbhlain a tha ro chòmhdhail no a bheil feadhainn eile ann air bu chòir dhan ro-innleachd fòcas a chur?

Am mìnich thu do fhreagairt dhuinn?

Earrann B: Na poileasaidhean airson an NTS a thoirt gu buil

Rè dealbhadh na Ro-innleachd Còmhhdhalach Nàiseanta, chomharraich sinn 14 poileasaidhean a libhrigear na prìomhachasan is builean aige agus a fhreagras air na dùbhlain. 'S iad seo na leanas:

- dealbaich an rian còmhhdhalach againn air dòigh a sheasas ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde
- sìor leasaich earbsachd, sàbhailteachd is buanas an rian chòmhhdhalach againn
- beachdaich an-còmhnaidh air a' bhuidh air còmhdhail ann an co-dhùnaidhean mu phlanadh raointean is cleachdadh an fhearainn
- fill sealbhachadh ann am poileasaidhean is bun-structar a-staigh air feadh rianan na còmhhdhalach 's na cumhachd agus goireasan digiteach
- solair rian còmhhdhalach a bheir comas do ghnìomhachasan a bhith co-fharpaiseach ann an Alba, san RA agus air feadh an t-saoghail
- solair rian còmhhdhalach sàr-mhath a cheanglas Alba ri chèile agus a fhreagras air na diofar fheuman a tha aig diofar sgìrean na dùthcha
- leasaich càileachd is faotainneachd an fhiosrachaidh a bheir comas do dhaoine co-dhùnaidhean nas fheàrr a thaobh còmhhdhalach a dhèanamh
- cuir fàilte air ùr-ghnàthachas còmhhdhalach aig am bi deagh bhuidh air ar sòisealtas, àrainneachd is eaconamaidh
- leasaich is dèan comasach gluasad èifeachdach de dhaoine is bathar san rian chòmhhdhalach againn
- solair rian còmhhdhalach a bhios so-ruigsinneach dhan a h-uile duine
- leasaich intrigeadh do chùram-slàinte, cothroman fastaidh, foghlaim agus trèanadh airson fàs eaconamach so-sheasmhach a bhrosnachadh
- cuir taic ri gnìomhachas na còmhhdhalach gus an gabh feumalachdan a thaobh fastaidh is sgilean a choileanadh an-dràsta agus san àm ri teachd
- solair rian còmhhdhalach a bheir comas is brosnachadh do dhaoine co-dhùnaidhean siubhail a dhèanamh a chuidicheas gus slàinte agus deagh shunnd nan daoine a leasachadh
- ìslich cur a-mach eimiseanan roinn na còmhhdhalach gus an ruig sinn na h-amasan nàiseanta againn air càileachd an adhair is atharrachadh na gnàth-shìde

C4a: An iad seo na poileasaidhean air a bheil feum airson prìomhachasan is builean na Ro-innleachd Còmhhdhalach Nàiseanta a libhrigeadh? Am mìnich thu do fhreagairt dhuinn?

C4b: A bheil cuid dhe na poileasaidhean seo nas cudromaiche na feadhainn eile no a bheil cudrom co-ionnan aca uile?

An toir thu dhuinn mìneachadh mionaideach?

Earrann C: Riaghlachas còmhhdhalach – deamocrasaidh, dèanamh cho-dhùnaidhean is libhrigeadh

C5a: Am biodh e na b' fheàrr co-dhùnaidhean shònraichte mu chòmhdhail ann an Alba a dhèanamh aig ìre nàiseanta (m.e. Còmhdhail Alba no Riaghaltas na h-Alba), aig ìre roinneil (m.e. Com-pàirteachas Còmhhdhalach Roinneil) no aig ìre ionadail (m.e. Ùghdarrasan Ionadail)?

Am mìnich thu do fhreagairt dhuinn, a' toirt dhuinn eisimpleirean de rudan far am biodh e na b' fheàrr co-dhùnadh a thaobh còmhhdhalach a dhèanamh aig ìre shònraichte?

C5b: Am bu chòir do làmh a bhith aig coimhearsnachdan ionadail ann an co-dhùnaidhean mu còmhhdhail ann an Alba? Ma tha thu dhen bheachd gum bu chòir, ciamar bu chòir dhaibh pàirt a ghabhail agus dè na cuspairean sònraichte anns am biodh làmh aca sna co-dhùnaidhean?

Am mìnich thu do fhreagairt dhuinn, a' toirt dhuinn eisimpleirean dhe na co-dhùnaidhean a thaobh còmhhdhalach far am bu chòir do làmh a bhith aig coimhearsnachdan ionadail annta agus ciamar a ghabhadh iad pàirt sna co-dhùnaidhean?

Earrann D: An ro-innleachd shlàn

C6: A bheil an Ro-innleachd Còmhhdhalach Nàiseanta a' freagairt feumalachdan luchd-cleachdaidh còmhhdhalach air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach shaoranaich is ghnìomhachasan ann an diofar sgìrean na dùthcha?

Tha Chan eil

Am mìnich thu do fhreagairt dhuinn?

Earrann E: Sùil ris an àm ri teachd

C7a: Dè na pìosan de rian na còmhhdhalach a tha ag obair gu math an-dràsta? An toir thu dhuinn mìneachadh mionaideach?

C7b: Dè na gnìomhan a mholadh tu dhan Ro-innleachd Chòmhdhalach Nàiseanta airson am brosnachadh?

An toir thu dhuinn mìneachadh mionaideach?

C8a: Dè na pìosan de rian na còmhdhalach nach eil ag obair gu math an-dràsta? An toir thu dhuinn mìneachadh mionaideach?

C8b: Dè na gnìomhan a mholadh tu dhan Ro-innleachd Chòmhdhalach Nàiseanta airson an leasachadh?

An toir thu dhuinn mìneachadh mionaideach?

C9: Tha Caibideil 6 dhen ro-innleachd a' mìneachadh rudan a nì Riaghaltas na h-Alba ann an trì raointean sa bhad: A' cur cunntachalachd am meud; a' neartachadh fianais; agus a' stiùireadh iarrtais. A bheil beachd agad mu na gnìomhan seo?

An toir thu dhuinn mìneachadh mionaideach?

C10: A bheil dad eile ann a bu toil leat innse dhuinn mun Ro-innleachd Còmhhalach Nàiseanta?

An toir thu dhuinn mìneachadh mionaideach?

Earrann F: Measadh Àrainneachdail Ro-innleachdail (SEA)

C11: Dè do bheachd air pongalachd is sgòp an fhiosrachaidh a chleachdar airson bun-loidhne àrainneachdail SEA a mhìneachadh ann an Earrann 5 de dh'Aithisg Àrainneachdail SEA? (Thoir dhuinn mion-fhiosrachadh air na tùsan iomchaidh)

C12: Dè do bheachd air ro-innse na buaidh air an àrainneachd mar a chaidh a mhìneachadh ann an Caibideil 6.3 de dh'Aithisg Àrainneachdail SEA?

C13: Dè do bheachd air na thathar a' moladh gus a' bhuidh air an àrainneachd, mar a chaidh a mhìneachadh ann an Caibideil 6.5 agus 7 de dh'Aithisg Àrainneachdail SEA, a lasachadh is a mharasgladh?

C14: A bheil dad eile ann a bu toil leat innse dhuinn mu Aithisg Àrainneachdail SEA?

Mòran taing airson àm a ghabhail is do bheachdan a chur thugainn.

An seòladh tilleadh:

Sgioba Lèirmheas
NTS2 Còmhdhail
Alba Taigh
Bhochanain
58 Rathad a' Phuirt
Glaschu
G4 0HF

Fòn: 0141 272 7999
Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios gu Sgioba
Lèirmheas NTS aig: NTSReview@transport.gov.scot